

Bòrd na Gàidhlig
Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird
Taigh-òsta "Dark Island", Beinn na Faoghla
05/06/2018 11.00 – 16.30

| Buill | | A' Frithealadh: | |
|------------------------|-------|---|-------|
| Ailean Dòmhnallach | (AD) | Shona NicIllinnein (Ceannard) | (SNI) |
| Ailean Caimbeul | (AC) | Daibhidh Boag | (DB) |
| Dòmhnall MacLeòid | (DML) | Mona Wilson | (MW) |
| Dòmhnall MacSuain | (DMS) | Iain Moireasdan | (IM) |
| Fiona Dunn | (FD) | Dùghlas Ansdell (Roinn Maoineachaidh RnA) | (DA) |
| Jennifer Gilmour | (JG) | Carol NicIain (GC) | |
| Jim Whannel | (JW) | | |
| Johan Nic a' Ghobhainn | (JNG) | | |
| Joy Dunlop | (JD) | | |
| Màiri T NicAonghais | (MNA) | | |
| Màiri Anna NicUalraig | (MNU) | | |

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche AD fàilte bhlàth chridheil air na Buill air fad agus Iain Moireasdan is Dùghlas Ansdell gu Uibhist airson na coinneimh.

Cha robh leisgeul ri chlàradh.

1.2 A' nochdadh chom-pàirtean

Chaidh na com-pàirtean a leanas a chlàradh airson cuspairean a bha nochdadh air a' chlàr-ghnothaich

AC, DML & JD - An Comunn Gàidhealach

MNA – Ceòlas

DML – CNES

JNG – Comhairle nan Leabhraichean

DMS – Stòrlann

1.3

Geàrr-chunntas nan coinneamhan 7&8/3/2018 agus 8/5/2018

Chaidh gabhail ris na geàrr-chunntasan.

1.4

Cùisean a thog ceann

Fios air gnìomhan:

Chaidh a dhearbhadh gum bu chòir dhan sgioba a tha a' dèiligeadh ri tabhartasan fios mu mhaoineachadh a chuirteachadh gu na Buill gu cunbhalach.

1.5 Cha robh cuspairean a bharrachd ri thogail fo GISBE

1.6 AITHRIS A' CHATHRAICHE

Thug an Cathraiche seachad fios mun adhartas thairis air na mìosan a chaidh seachad bhon choinneimh mu dheireadh. Bha deagh fhaireachdainn mun deasbad sa Phàrlamaid, far an robh cothroman ann aithne a thogail is fios a thoirt seachad dha na BPA a bha an làthair.

GNÌOMHAN:

- Bu chòir do SNI is DB an cothrom a ghabhail airson cùisean ceangailte ris a' Ghàidhlig a chur ris an fhreagairt dhan cho-chomhairleachadh mu Bhile nan Eilean a tha a' dol tron Phàrlamaid an-dràsta.

1.8 AITHRIS A' CHEANNAIRD

Thug an Ceannard seachad fios mun adhartas thairis air na mìosan a chaidh seachad bhon choinneimh mu dheireadh.

GNÌOMHAN:

- Ro-innleachd airson nam Meadhanan Sòisealta ri chur ri chèile, airson stiùir a thoirt do Bhuill is luchd-obrach air an dòigh as fheàrr obrachadh san t-saoghal sin airson ur dìon fhèin is dìon a chur air a' bhuidhinn.
- Tha aig SNI ris an fhreagairt a chuir i gun *Human Rights Commission* a chuirteachadh am measg nam Ball mar fhiosrachadh.
- Tha aig SNI/MM ri clàr-gnothaich a chuirteachadh ro na coinneamhan Thar-Phartaidh gu na Buill mar fhiosrachadh.

1.9 Conaltradh san àm ri teachd le Iain Moireasdan, Morrison Media Strategies

Thug IM taisbeanadh seachad dha na Buill air na cothroman agus na dùbhlain air am bu chòir dhan Bhòrd aire a thoirt, le molaidhean a rèir na ro-innleachd a tha ri ullachadh a bhios a' coimhead ri dòighean-obrach timcheall air na meadhanan sòisealta. Thug AD taing dha airson an fhiosrachaidh agus an t-eòlas a tha e air a thoirt dhan Bhòrd aig àm cudromach, is thug e fa-near gun robh barrachd deasbaid fhathast a dhìth a rèir margaidheachd.

2.0 LEASACHADH NA GÀIDHLIG

2.1 Planaichean Gàidhlig

- PT1 Comhairle na Gàidhealtachd – air aontachadh.
PT2 Pàrlamaid na h-Alba – air aontachadh.
PT3 Àrainneachd Eachdraidheil Alba – air aontachadh.

GNÌOMHAN:

- Tha aig SNI, DB agus AD ri coinneachadh ri Comhairle na Gàidhealtachd, ach an gabhadh neartachadh a dhèanamh air cùisean, is airson taic a chur ris a' bhuidhinn-obrach ùir a tha iad air ainmeachadh airson Ro-innleachd Ghàidhlig ùr ullachadh dhan Chomhairle.
- Nuair a ruigear 50 plana reachdail bu chòir do DB is MM sanas-naidheachd a chur air dòigh airson a chomharrachadh.

2.2 Planaichean ùra

An dèidh deasbad, chaidh aontachadh ri adhartas a dhèanamh mar a leanas:

Gnìomhan:

- Cuiridh DB is sgioba nam planaichean air dòigh gun tèid iarrtas foirmeil a chur gu Strathclyde Passenger Transport gus Plana Gàidhlig ullachadh.
- Tha aig DB ri cuireadh a thoirt do MG ALBA agus dhan BhBC gus Plana Gàidhlig saor-thoileach ullachadh.
- Tha aig AMF ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùrachadh an àite plana fhèin ullachadh.

3.0 MAOINEACHADH

3.1 Chaidh aontachadh ris na h-Iarrtas airson maoinachadh mar a leanas:

- PT1 Theatre Gu Leòr – air aontachadh (Buidseat 103051) £48,595
PT2 Molaidhean GLAIF 18-19:
Comhairle na Gàidhealtachd 0-3 Strategic Partnership air aontachadh
(Buidseat 102021) £52,500 (18/19 – 80% £42,000 & 19/20 – 20% £10,500)

Gnìomh:

- Bu chòir comhairle a thoirt dha na buidhnean a tha faighinn maoinachadh air mar as urrainnear sanasachd a neartachadh is a dhèanamh follaiseach gu bheil am Bòrd air taic a thoirt dha na diofar phròiseactan, far a bheil seo a dhìth.

Dh' fhàg MW a' choinneamh

4.0 RIAGHLADH CORPORRA

4.1 Plana Corporra 2018-23

Chaidh aontachadh ris a' Phlana, ach tha aig JNG ri fios mu cheartachadh air litreachadh a chur gu SNI.

Thug an Cathraiche taing dhan sgioba gu lèir a bha an sàs ann an ullachadh a' Phlana Chorporra agus a' Phlana Ghnìomh.

Gnìomhan:

- An dèidh ceartachadh bu chòir do SNI am Plana Corporra 2018-23 a chur air adhart chun a' Mhinistear airson aonta deireannach.
- An dèidh aonta bhon Mhinistear bu chòir am Plana fhoillseachadh air làrach-lìn a' Bhùird, agus bu chòir lethbhreac a chur chun a h-uile buidheann le Plana Gàidhlig.
- Bu chòir am Plana a chuirteachadh gu na Prìomh Bhuidhnean Gàidhlig ron choinneimh aig deireadh an Ògmhios.

4.2 Plana Ghnìomh 2018-19

Chaidh aontachadh ris a' Phlana Ghnìomh 2018-19, le moladh gun tigeadh neartachadh a dhèanamh air faclan mu fhoghlam àrd-sgoile airson na dreachd an ath-bhliadhna 2019-20, gus sealltainn gu bheil sinn ag amas air àrdachadh a thoirt air àireamhan sgoilearan.

Gnìomh:

- Tha aig SNI ris an atharrachadh a thaobh àireamhan sgoilearan a chur ris a' Phlana Ghnìomh 2019-20.

4.3 Ballrachd is Bun-riaghailtean Pannal nam Planaichean

Chaidh aontachadh ri moladh airson ballrachd bho Chomataidh Cleachdadh na Gàidhlig is bhon Chomataidh Ionnsachaidh airson Pannal nam Planaichean mar a leanas:

Cathraiche Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig, MNA, agus MNU

Cathraiche na Comataidh Ionnsachaidh SW agus JG airson aon bhliadhna is JD an dèidh sin.

Bu chòir coimhead air mar a tha seo ag obrachadh taobh a-staigh 3-4 mìosan. Dhearbh an Cathraiche AD gum faodar daoine le eòlas a tharraing a-steach gu coinneamhan mar a tha dhith.

Gnìomh:

- Tha aig DB ri beachdachadh air mar a tha ballrachd a' Phannail ag obrachadh san t-Sultain.

Chlàr an Cathraiche taing do MW bhon Bhòrd airson na h-obrach sònraichte math a tha i air a dhèanamh dhan Bhòrd thairis air an dà bhliadhna a tha i air a bhith os cionn roinn an fhoghlaim, is i air fios a thoirt seachad gu bheil i a' leigeil dhith a dreuchd airson gluasad gu obair le Oilthigh na Gàidhealtachd.

Le sin, thàinig obair fhoirmeil na coinneimh airson an latha gu crìch aig 16.45.

Bòrd na Gàidhlig
Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird
Taigh-òsta "Dark Island", Beinn na Faoghla
06/06/2018 09.00 – 12.00

| Buill | | A' Frithealadh: | |
|------------------------|-------|---|-------|
| Ailean Dòmhnallach | (AD) | Shona NicIlinnein (Ceannard) | (SNI) |
| Ailean Caimbeul | (AC) | Daibhidh Boag | (DB) |
| Dòmhnall MacLeòid | (DML) | Iain Moireasdan | (IM) |
| Dòmhnall MacSuain | (DMS) | Dùghlas Ansdell (Roinn Maoineachaidh RnA) | (DA) |
| Fiona Dunn | (FD) | Carol NicIain (GC) | |
| Jennifer Gilmour | (JG) | Iain Caimbeul, Soillse | (IC) |
| Jim Whannel | (JW) | Conchúr O Gilligan, Soillse | (COG) |
| Johan Nic a' Ghobhainn | (JNG) | Theona Mhoireasdan | (TM) |
| Joy Dunlop | (JD) | | |
| Màiri T NicAonghais | (MNA) | | |
| Màiri Anna NicUalraig | (MNU) | | |

5.1 TAISBEANADH BHO SHOILLSE – COR NA GÀIDHLIG

Chuir an Cathraiche fàilte air Iain Caimbeul agus Conchúr O Gilligan bho Shoillse chun na coinneimh.

Chaidh an rannsachadh coimhearsnachd aca, a thug trì bliadhna a chur ri chèile, a dhèanamh gus sùil mhionaideach a thoirt air an t-suidheachadh ann an Sgalpaigh, Griomasaigh is Èirisgeigh. Chaidh na h-urranan ionadail a dheasbad, le ceistean is iomairtean gan togail a thaobh nan diofar chuspairean a thig às an fhiosrachadh a thèid fhoillseachadh nas fhaide air a' bhliadhna. Thug iad dearbhadh seachad gun obraicheadh iad gu dlùth còmhla ris a' Bhòrd airson nan ceistean a thig às, is a thaobh mar a thèid a shanasachd.

Thug am Bòrd taing do Shoillse airson na h-obrach a tha iad air a dhèanamh air a' phròiseact rannsachaidh.

Gnìomhan:

- Cumaidh DB agus sgioba Shoillse smachd còmhla air cùisean ceangailte ri foillseachadh an rannsachaidh airson fios a chumail ris a' Bhòrd, agus airson dèiligeadh ri ceistean a thig bhon rannsachadh.
- Thèid Buidheann-obrach shònraichte a chur air dòigh airson coimhead ris an fhiosrachadh bhon rannsachadh, is thèid fiathachadh gu coinneamh eile a chur gu Soillse nuair a tha an rannsachadh air fhoillseachadh airson coimhead ri iomairtean agus airson beachdachadh air dòighean gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan.

5.2 TAISBEANADH BHO THEONA MHOIREASDAN

Chuir an Cathraiche AD fàilte air Theona Mhoireasdan a tha ag obair le iomairt òigridh ann an Uibhist. An dèidh taisbeanadh inntinneach bhuaipe, bha cothrom aig na Buill ceistean a thogail air na tha a' dol san sgìre.

Thug AD taing dhi airson an taisbeanadh agus an fhiosrachadh inntinnich agus bhrosnachail a tha a' sealltainn cho fallain 's a tha fàs na Gàidhlig ann an Uibhist.

6.0 PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-23

Lèirmheas air a' Ghàidhlig

Thug an Ceannard SNI geàrr-iomradh air an obair ullachaidh a tha air tachairt airson na coinneimh san Lùnastal leis a' Mhinistear is buidhnean poblach ann an Sgìre Pheairt. Tha Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean air dearbhadh gu bheil iad a' dol a bhith an làthair air an latha.

Tha dòchas ann gun tig 3-5 iomairtean às a’ choinneimh, a’ gabhail a-steach dòighean co-obrachaidh airson adhartas a dhèanamh ann an diofar roinnean ceangailte ris a’ Ghàidhlig agus le sùil air sgìrean sònraichte a thèid a thaghadh. Tha sgioba an Riaghaltais a’ dol a thoirt stiùireadh ro-làimh dha na tha gu bhith an làthair airson gu bheil iad deiseal airson cur ris na h-iomairtean.

6.0 IONMHAS

6.1 Dreachd den Aithisg Bhliadhnail is Aithisg Ionmhais gu 31/03/2018

Chaidh beachdachadh air an Aithisg Bhliadhnail a chaidh a chur ri chèile le taic bho Sheumas Rothach. Tha sgioba sgrùdaidh bho Deloitte air dearbhadh gu labhairteach dhan Cheannard gu bheil an sgrùdadh air a dhol gu math.

Gnìomh:

- Bu chòir molaidhean airson atharraichean a dhol gu SNI ro 15/06 le molaidhean bho Bhuill na Comataidh Sgrùdaidh ro Diciadain 13/06.

7.0 DREACHD DE GHEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS NAM BUIDHNEAN-OBACH

Airson Fiosrachadh

Dreach de Gheàrr-chunntasan bho na coinneamhan mu dheireadh:

PT1 A’ Chomataidh Ionnsachaidh

PT2 Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig

PT3 A’ Bhuidheann-obrach Riaghlaidh

Ghabh am Bòrd ris an fhiosrachadh bho na coinneamhan.

8.0 GISBE

Cha robh gin a chuspairean a bharrachd ri chlàradh.

9.0 CEANN-LATHA AIRSON NA H-ATH CHOINNEIMH DEN BHÒRD

12&13/09/2018 - Glaschu

Thug an Cathraiche taing dha na Buill agus do na h-oifigearan agus an luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a’ dèanamh le bhith ag ullachadh phàipearan agus fiosrachadh airson a’ Bhùird, le moladh air cho math ’s a bha e cothrom fhaighinn air coinneachadh ri muinntir na coimhearsnachd is òigridh ann an Uibhist, is chuir e crìoch air a’ choinneimh aig 11.45f.